

Co-chomhairle Bann nan Eilean

Freagairt Riaghaltas na h-Alba

An Lùnastal 2022

Freagairt ri Co-chomhairle Bann nan Eilean

Facal-toisich

Anns a' Phrògram Riaghlaidh againn airson [A Fairer, Greener Scotland 2021/22](#), gheall Riaghaltas na h-Alba maoin Bann Eileanach ùr "luach £5m a chruthachadh, a' toirt seachad suas ri £50,000 do suas ri 100 dachaigh ro 2026, le bhith a' toirt taic ionmhais do luchd-còmhnaidh nan eilean gus fuireach sa choimhearsnachd aca, no gus daoine a bhrosnachadh gus gluasad ann".

Bha conaltradh le coimhairsnachdan agus luchd-ùidh eileanach daonna gu bhith deatamach ann a bhith a' rannsachadh a bhith a' cruthachadh eadar-theachd a dh'fhaodadh a bhith brioghmhor, seasmhach a rèir miannan agus feumalachdan choimhairsnachdan eileanach. Feumar poileasaidhean a chruthachadh le coimhairsnachdan eileanach seach a bhith direach gan toirt dhaibh.

Sin as coireach gun do chuir sinn co-chomhairle air bhog air Bann nan Eilean air 2 Lùnastal 2021, a' toirt cothrom dhan luchd-còmhnaidh eileanach againn gu sònraichte buaidh a thoirt air leasachadh a' phoileasaidh aig ire thràth. Thàinig a' cho-chomhairle gu crìch air 25 Dàmhair 2021 agus chaidh Aithisg Mion-sgrùdadh na Co-chomhairle fhoillseachadh air an làraich-lìn againn air 19 Lùnastal 2022 .

Còmhla ris a' cho-chomhairle air-loidhne, bha conaltradh againn le farsaingeachd de dh'ùghdarrasan ionadail, buidhnean-gniomha agus buidhnean le ùidh sna h-eileanan eadar an Lùnastal agus an t-Samhain 2021 gus beachdachadh air a' mholadh, agus am beachdan fhaighinn.

Chùm sinn cuideachd grunn thachartasan conaltraidh aghaidh ri aghaidh eadar 14 Màrt agus 26 Giblean 2022. Rè na h-ùine seo, choinnich oifigich Riaghaltas na h-Alba ri còrr is 100 eileanach a' fuireach ann an 12 coimhairsnachd eileanach gus beachdachadh air Bannan nan Eilean mus rachadh am poileasaidh a chur air dòigh.

Thug na tachartasan seo cothrom do luchd-còmhnaidh eileanach bho air feadh nan sia sgìrean ùghdarras ionadail buntainneach bruidhinn mun bhann, agus mar a dh'fhaodadh e an cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan sònraichte nan coimhairsnachdan aca.

Co-theacsa

Tha dùblain deamografach mu choinneimh Alba san fhad-ùine - sluagh a tha a' fàs nas sine, iùre breith a' crìonadh, in-imrich san àm ri teachd mì-chinnteach, agus mì-chothromachadh sluaigh spàsail (le dìth sluaigh ann am mòran sgìrean iomallach agus dùthchail san lar, agus fàs sluaigh leantainneach ann an sgìrean eile san Ear).

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil crìonadh sluaigh na fhìor chunnart dhan t-seasmhachd aig iomadh eilean ann an Alba, ged nach eil seo fior a thaobh a h-uile eilean. Rè co-chomhairle 2019 air Plana Nàiseanta nan Eilean, b' e crìonadh sluaigh a' phrìomh chuspair a dh'ainmich luchd-freagairt.

Sin as coireach gu bheil sinn air gealltainn ann am Plana Nàiseanta nan Eilean gun cuir sinn aghaidh air crìonadh sluaigh agus gun dèan sinn cinnteach gum bi pròfil sluaigh fallain, cothromach air feadh nan eilean againn.

Ach, feumar aithneachadh cuideachd nach eil atharrachadh sluaigh co-ionnan anns gach eilean Albannach, agus feumaidh sinn a bhith mothachail air seo agus sinn a' cruthachadh phoileasaidhean sam bith a tha air an dealbh gus taic a chumail ris na coimhearsnachdan againn.

Nuair a choimheadas sinn air mar a bha crìonadh sluaigh anns an fhichead bliadhna a dh'fhalbh, cha bu chòir dhuinn coimhead air eileanan na h-Alba mar àiteachan a tha uile san aon t-suidheachadh leis gu bheil cuid de choimhearsnachdan air fàs fhaicinn, agus cuid eile air crionadh mòr fhaicinn.

Mar a chaidh a chomharrachadh ann an aithisg ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba air "[Fàs agus crìonadh sluaigh ann an eileanan na h-Alba – 2001 gu 2020](#)", thachair a' mhòr-chuid den fhàs ann an àireamh-sluaigne eileanan na h-Alba bho 2001 ann an sgìrean comhairle Arcaibh, na Gàidhealtachd agus Shealtainn. 'S ann an Arcaibh a bha an t-àrdachadh sluaigh as mothà agus 's ann an eileanan Earra-Ghàidheal is Bhòid a bha an lùghdachadh sluaigh as mothà.

Tha na [tuairmsean sluaigh](#) as ùire a' sealltainn fàs sluaigh anns a' mhòr-chuid de sgìrean ùghdarris ionadail le eileanan. Ach, tha cuid de na cuibhreannan as àirde de dhaoine aois 65 agus nas sine ann an sgìrean eileanach, agus cuid de na cuibhreannan as ìse de na buidhnean aoise eile.

Tha atharrachadh sluaigh taobh a-staigh gach sgìre comhairle nas iom-fhillte, le sgìrean le fàs sluaigh agus sgìrean le crìonadh-sluaigne. Chì sinn an dealbh iom-fhillte seo nuair a choimheadas sinn air atharrachadh sluaigh aig ìrean nas ionadaile leithid [ire sòn eadar-mheadhanach](#). Mar eisimpleir, bha fàs sluaigh aig a' mhòr-chuid de shònaichean eadar-mheadhanach ann an Arcaibh. Ach, bha crìonadh sluaigh ann an sòn eadar-mheadhanach Kirkwall an Ear.

Cuideachd, tha [Plana Nàiseanta nan Eilean](#) a' sealltainn gu bheilear an dùil gum bi lùghdachadh mòr aig mòran eileanan Albannach san àireamh-sluaigne aca aig aois obrach.

A' cur aghaidh air crìonadh sluaigh

Tha fios againn bhon chonaltradh againn le coimhairsnachdan gu bheil feum againn air co-obrachadh thar gach roinn gus dèiligeadh ri dùblain sluaigh air feadh nan eileanan againn. Tha eileanaich air innse dhuinn nach eil fuasgladh luath ann, agus feumaidh sinn obrachadh le compàrtichean roinneil, ionadail agus coimhairsnachd gus dèanamh cinnteach gun libhrig sinn fuasgladh seasmhach còmhla air na dùblain a tha mu choinneamh sluagh nan eilean.

Cha robhar an dùil riamh gum biodh Bann nan Eilean na làn fhuasgladh a chuireadh aghaidh air dùblain sluaigh uile nan eilean, ach gum biodh e mar aon eileamaid den obair nas fharsainge againn, thar Riaghaltas na h-Alba air fad, gus taic a chumail ri coimhairsnachdan eileanach. Tha co-chomhairle Bann nan Eilean 2022, a bharrachd air a' chonaltradh leantainneach le eileanan tro bhith a' libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean, air beachdan luachmhor a thoirt dhuinn, gar cuideachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na dùblain, agus na cothroman, ann am

barrachd mionaideachd. Cumaidh sinn oirnn ag obair le ùghdarrasan ionadail, na coimhearsnachdan eileanach againn agus luchd-ùidh eileanach eile gus dèiligeadh riutha sin.

Tha an obair againn le Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (CoHI) na phrìomh dhòigh air seo a lìbhrigeadh, a' coimhead air gnìomhan gus dèiligeadh ri crìonadh-sluagh san sgìre.

Aig coinneamh CoHI sa Mhàrt 2022, dh'ainmich sinn gum biodh Riaghaltas na h-Alba a' toirt air adhart ar gealltanais gus Plana Gnìomh a chruthachadh gus aghaidh a chur air dùbhlan crìonadh sluaigh, le sùil ri dreachd fhoillseachadh sa gheamhradh 2023.

Cuidichidh an gealltanais seo sinn gus [Plana Nàiseanta nan Eilean](#) againn a lìbhrigeadh aig a bheil fòcas sònraichte air dèiligeadh ri crìonadh sluaigh agus dèanamh cinnteach gu bheil pròfil sluaigh fallain, cothromach ann. Gu sònraichte, tha Plana Nàiseanta nan Eilean a' gealltann taic a chumail ri fàs sluaigh ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach.

Tha an obair seo cuideachd a rèir ri ro-innleachd sluaigh Riaghaltas na h-Alba '[Scotland for the future: Opportunities and Challenges of Scotland's Changing population](#)', a' ceangal gu dìreach ri fear de na ceithir colbhan gus 'taic a thoirt do sgaoileadh sluaigh nas cothromiche air feadh na h-Alba.'

Na h-ath cheuman

Chaidh beachdachadh gu faiceallach air lìbhrigeadh Bann nan Eilean às dèidh beachdan soilleir a fhuair sinn bho eileanaich, agus taobh a-staigh co-theacs an fhòcais nas fharsainge againn air dèiligeadh ri crìonadh sluaigh.

Tha na beachdan a fhuair sinn air ais air sealltann gu bheilear a' cur fàilte air fòcas nas mothà air a bhith ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e dèiligeadh ri crìonadh sluaigh, agus air an dealas againn a bhith ag obair le coimhearsnachdan gus fuasglaidhean ionadail a chruthachadh. Ach, bha beachdan luchd-freagairt na co-chomhairle gu math cinnteach - nach e am Bann mar a bhathar an dùil an toiseach ann am Prògram an Riaghaltais 2021/22 an rud a tha a dhìth air coimhearsnachdan.

Ag aithneachadh seo, an àite a bhith a' lìbhrigeadh Bann nan Eilean, cumaidh sinn taic ri lìbhrigeadh eadar-theachdan tron Phlana Gnìomh air Dèiligeadh ri Crìonadh Sluaigh. Cleachdaidh sinn am fiosrachadh agus an

t-ionnsachadh a chaidh a chruinneachadh tron cho-chomhairle agus tron chonaltradh gus cumadh a thoirt orra seo.

Thèid an obair seo a thoirt air adhart thairis air an ath 12 mìosan le eadar-theachdan a fhreagras air feumalachdan sònraighe nan eilean a bhith gan lìbhrigeadh aig an àm seo. San dòigh seo, bidh e comasach dhuinn Plana Gniomh ullachadh a bhios air a chumadh leis an ionnsachadh a gheibhear tro thaic a tha ga lìbhrigeadh ann an, agus air a chruthachadh còmhla ri, coimhearsnachdan eileanach.

Tha seo a' sealltainn ar dealas a bhith ag èisteachd ri coimhearsnachdan eileanach, agus gun urrainn eileanaich buaidh bhrioghmhor a thoirt air poileasaidhean a bheir buaidh orra agus a bhith a' co-dhealbhadh poileasaidhean a bheir buaidh orra.

A bharrachd air seo, cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le coimhearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh nuair a tha sinn a' cruthachadh a' Phlana Ghniomh agus diofar eadar-theachdan, a' dèanamh cinnteach gun dèanar feum den ùine luachmhor a thug an fheadhainn seachad a bha an sàs ann a bhith a' rannsachadh poileasaидh Bannan nan Eilean.

Chan eil fuasgladh luath ann do na dùblain a tha ag adhbharachadh crionadh sluaigh, agus feumaidh sinn obrachadh le com-pàirtichean roinneil, ionadail agus coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gun lìbhrig sinn fuasgladh seasmhach còmhla air na dùblain a tha mu choinneamh sluagh nan eilean.

A bharrachd air a' Phlana Ghniomh, tha àite ro-chudromach aig Plana Nàiseanta nan Eilean ann a bhith a' toirt taic do shluagh nan coimhearsnachdan eileanach againn. Ged a tha an t-Amas Ro-innleachdail fhèin aig Sluagh mar as còir le geallaidhean taiceil, bhiodh e fior a ràdh gu bheil fòcas air seasmhachd sluaigh a' ruith tro Phlana Nàiseanta nan Eilean gu lèir. Tha a bhith a' dèiligeadh ri prìomh raointean leithid taigheadas, còmhdhail, foghlam, slàinte no didseatach mar eisimpleir, uile ro-chudromach gus dèanamh cinnteach gum bi na coimhearsnachdan eileanach againn seasmhach agus tha Plana Nàiseanta nan Eilean ag amas air aghaidh a chur air seo.

Tha sinn ag aithneachadh gum bi e na bhriseadh-dùil do chuid nach tèid Bannan nan Eilean a thairgsinn, ach le bhith ag obair gus dòigh-nbrach nas amalaichte agus nas co-nbrachail a chruthachadh gus taic a chumail ri sluagh seasmhach, bidh barrachd chothroman ann dhaibhsan a tha airson fuireach, no gluasad do na coimhearsnachdan eileanach againn.